



## Ceistean

Thoir sùil air paragraf

- 1 (a) Beachdaich air structair nan seantansan ann am paragraf 1 agus thoir cunntas goirid air.**  
**(b) Dè cho èifeachdach 's a tha an structair seo?**
- 2. Dè cho èifeachdach 's a tha e gu bheil am pìos mu dheireadh den chiad pharagraf a' crìochnachadh leis na facail sin ann an camagan?**

Thoir sùil air paragraf 5.

- 3. Nad fhaclan fhèin, inns mar a tha an sgrìobhadair a' toirt fa-near don leughadair nach eil Eilidh idir ag iarraidh feitheamh ri lioft a thoirt don nighinn eile?**

Thoir sùil air paragraf 9.

- 4. (a) A bheil thu a' mothchadh sìon sònraichte mun pharagraf seo?**
- 5. (a) Dè cho èifeachdach 's a tha seo?**

Thoir sùil air paragraf 13.

- 6. Thoir seachad abairt bhon pharagraf seo a tha ag innse dhuinn gun robh Eilidh a' faireachdainn nearbhasach.**

Thoir sùil air paragraf 15.

- 7. (a) De an cleas-sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a' cleachdadh sa pharagraf seo?**  
**(b) Dè a' bhuaidh a th' aig a' chleas-sgrìobhaidh seo?**

Thoir sùil air paragraf 17.

- 8. “Tha thu anns an teatair, Eilidh” Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh cleas-cainnte an seo. Dè a' bhuaidh a th' aig a' chleas-cainnte seo?**

Thoir sùil air paragraf 18.

- 9. Bha cas Eilidh air “a còmhdach chun na glùine le plastar pinc”.**

Thoir sùil air paragraf 31.

- 9. (a) Dè tha thu a' mothachadh a tha t-sònraichte mun seantans mu dheireadh sa pharagraf seo?**  
**(b) Dè a' bhuaidh a th' aig an seo air an leughadair?**

Thoir sùil air paragraf 40.

- 10. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh sònraichte a tha air a chleachdadh an seo?**  
**(b) Dè cho èifeachdach 's a tha seo?**

- 11. Nad fhaclan fhèin, mìnich carson a tha Eilidh a' toirt cuireadh do Mhairead tighinn chun an taighe aice?**

- 12. Nad fhaclan fhèin, mìnich teachdaireachd na sgeulachd.**